



## **Fèisean nan Gàidheal Làimhseachadh Cunnairt is Poileasaidhean**

**Ceann-latha: 8 Samhain 2013**

**Poileasaidh: Poileasaidh an Aghaidh Brìbearachd**

**Tha am Poileasaidh seo mar phàirt de cho-chruinneachadh de phoileasaidhean aig Fèisean nan Gàidheal**

**Poileasaidhean Co-cheangailte: (prìomh) – Siùil Ionmhasail; Leabhran an Luchd-obrach**

**Adhbhar a' Phoileasaidh:** gus dèanamh cinnteach gum bi gach nì laghail, gum bi deagh mhodhan-obrach an sàs, gum bi cunntachalachd ann agus gum bi nithean follaiseach. Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri fèisean le ballrachd ann am FnG.

**Geàrr-iomradh air a' Phoileasaidh:** gus dèanamh cinnteach gun cumar ri Achd na Brìbearachd 2010, gus sealltainn gu soilleir nach gabh a' bhuidheann ri brìbearachd air dòigh sam bith, co-dhiù a tha luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal a' gabhail no a' toirt seachad airgead no tiodhlac agus dùil ann gum faighear buannachd ghnòthachais air choreigin. Chan eil seo a' gabhail a-steach a' toirt aoigheachd no tiodhlac freagarrach seachad, mar eisimpleir do dh'òraidiche a tha a' tadhal, no mar aithne do dh'euchd thoillteanach a rinn cuideigin.

**Chaidh am Poileasaidh a dhealbhadh le:** Iona NicDhòmhnaill, An t-Oifigear Trèanaidh is Poileasaidh

**Air a chur air beulaibh na Buidhne Riaghlaidh (ceann-latha): 13 Dùbhlachd 2013**

**Aontaichte leis a' Bhòrd (ceann-latha):**

**Bu chòir sùil às ùr a thoirt air a' phoileasaidh seo ro (ceann-latha): Gearran 2015**

**Ainm-sgrìobhte:**

**(Cathraiche)**

**(Ceann-latha)**

## Fèisean nan Gàidheal (A' gabhail a-steach Fèisean le ballrachd ann am FnG) POILEASaidh AN AGHAIDH BRÌBEARACHD

### 1. Adhbhar

'S e as adhbhar don phoileasaidh seo, modhan-smachd a stèidheachadh a nì cinnteach gun cumar ri gach riaghailt iomchaidh a thaobh brìbearachd is coirbeachd, agus gus dèanamh cinnteach gun tèid obair a' Chompanaidh a dhèanamh ann an dòigh a bhios mothachail air dleastanasan sòisealta. Thathar ag aithneachadh nach eil mòran cunnairt ann gun tèid na riaghailtean seo a bhristeadh aig Fèisean nan Gàidheal.

### 2. Aithris air a' Phoileasaidh

'S e a th' ann am brìbearachd, nuair a tha buannachd air a thabhann, a ghealltainn, a thoirt seachad, a ghabhail ris no air a shireadh mar bhrosnachadh gu bhith dèanamh rudeigin a tha mì-laghail no gu bhith mealladh earbsa chàich. 'S e a th' ann am brìb, brosnachadh no duais a thèid a thabhann, a ghealltainn no a thoirt seachad gus am faighear buannachd choimeirsealta, chunnradhach, riaghailteach no phearsanta.

Tha e na phoileasaidh dhuinn a bhith ri ar n-obair ann an dòigh onarach is bheusail. Cha ghabh sinn, air dòigh sam bith, ri brìbearachd no coirbeachd. Tha sinn a' cur romhainn a bhith proifeiseanta, cothromach agus ionraic nar gnothaichean is dàimhean obrach às bith càite a bheil sinn ag obair, agus a bhith a' cur modhan-obrach buadhach an sàs agus an gnìomh gus stad a chur air brìbearachd. Cumaidh sinn ri gach lagh iomchaidh a thaobh a bhith cur stad air brìbearachd is coirbeachd anns gach dùthaich sam bi sinn ag obair. Ge-tà, tha sinn fhathast a' tighinn fo rian laghail na RA, Achd na Brìbearachd 2010 nam measg, a thaobh na nì sinn san dùthaich seo agus thall thairis.

Dh'fhaodadh gum faigh daoine suas gu deich bliadhna sa phrìosan agus càin mar pheanasachadh airson brìbearachd is coirbeachd. Ma thèid a shealltainn gun robh sinn an sàs ann an coirbeachd, dh'fhaodadh gum deigheadh càin iomlan iarraidh bhuaninn, agus gun tèid ar toirmeasg bho bhith tairgse airson cùmhnantan poblach agus gun tèid ar cliù a mhilleadh. Mar sin, tha sinn a' coimhead air ar dleastanasan laghail mar nì fìor chudromach.

### 3. Farsaingeachd a' phoileasaidh

#### 3.1 Cò ris a tha am poileasaidh a' buntainn?

Sa phoileasaidh seo, tha daoine eile (treas pàrtaidh) a' ciallachadh neach no buidheann ris am bi sibh a' dèiligeadh nur n-obair dhuinn, agus tha e a' gabhail a-steach dearbh luchd-dèiligidh agus feadhainn a dh'fhaodadh a bhith ann, luchd-ceannaich, luchd-solarachaidh, luchd-sgaoilidh, luchd-eòlais, àidseantan, luchd-comhairleachaidh agus buidhnean riaghaltais is poblach, a' gabhail a-steach an luchd-comhairleachaidh, na riochdairean agus na h-oifigearan aca, luchd-poilitigs agus pàrtaidhean poilitigeach.

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ri gach neach fa leth a tha ag obair aig gach ìre is ìre pàighidh, a' gabhail a-steach àrd mhanaidsearan, oifigearan, stiùirichean, luchd-obrach (maireannach, air cùmhnant thar ùine shònraichte no sealach), luchd-comhairleachaidh, cunnradairean, luchd-obrach a tha a' trèanadh, luchd-obrach a fhuaras bho chompanaidh eile air cùmhnant stèidhichte, luchd-obrach bhon taigh, luchd-obrach air cùmhnantan goirid neo-stèidhichte is luchd-obrach bho bhuidhnean-fastaidh, luchd saor-thoileach, luchd-obrach air greis gnìomhachais, àidseantan, luchd-urrais, no neach sam bith eile le ceangal rinn, no gin de na buill againn às bith càit a bheil iad (iad uile ainmichte còmhla mar luchd-obrach sa phoileasaidh seo).

Tha am poileasaidh seo a' còmhach

- Bribean;
- Tiodhlacan is aoigheachd;
- A' cur suimeannan pàighte air dòigh;
- Tabhartasan poiliteach;
- Tabhartasan carthannach.

### 3.2 Bribean

Chan fhaod luchd-obrach, air dòigh sam bith, a bhith an sàs ann am bribearachd, iad fhèin no tro dhaoine eile (leithid àidseant no neach-sgaoilidh). Gu sònraichte, chan fhaod luchd-obrach, air dòigh sam bith, oifigear poblach cèin a bhrìbeadh ann an àite sam bith air an t-saoghal.

### 3.3 Tiodhlacan is aoigheachd

Chan fhaod neach-obrach tiodhlac no aoigheachd a thabhann no a thoirt seachad:

- A dh'fhaodadh a bhith air am meas mì-laghail no neo-iomchaidh, no a bhristeadh poileasaidhean an neach a gheibh iad; no
- Do neach-obrach poblach no oifigear no riochdaire bhon riaghaltas, no do luchd-poilitigs no do phàrtaidhean poiliteach; no
- A tha nas motha na luach £nn airson gach tiodhlac fa leth no luach £nnn airson gach tachartas aoigheachd (chan fhaod an luach iomlan a bhith nas motha na £nnn ann am bliadhna ionmhais), mura faigh iad cead sgriobhte bho mhanaidsear an neach-obrach.

Chan fhaod neach-obrach tiodhlac no aoigheachd a ghabhail bho ar luchd-com-pàirt:

- Ma tha luach gach tiodhlac fa leth nas motha na £nn no ma tha luach gach tachartas aoigheachd nas motha na £nnn (chan fhaod an luach iomlan a bhith nas motha na £nnn ann am bliadhna ionmhais), mura faigh iad cead sgriobhte bho mhanaidsear an neach-obrach; no
- Mas e airgead làimhe a th' ann; no
- Ma tha coltas sam bith ann gu bheilear a' sùileachadh, no ma tha e air a thuigsinn, gum bi fàbhar ann mar thaing.

Nuair a tha cead a dhìth bho mhanaidsear mar a tha e ag ràdh gu h-àrd, ma tha am manaidsear aig ìre nas ìsle na Stiùiriche, feumar cead fhaotainn bho Stiùiriche iomchaidh.

Mura h-eil e freagarrach tairgse air tiodhlac a dhiùltadh, faodar an tiodhlac a ghabhail, fhad 's a thèid innse mu dheidhinn do mhanaidsear an neach-obrach agus gun tèid a thoirt do bhuidheann-charthannais an uair sin.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil na cleachdaidhean a thaobh thiodhlacan gnothachais eadar-dhealaichte bho dhùthaich gu dùthaich agus ann an diofar sgìrean, dh'fhaodadh gum bi an nì a tha àbhaisteach is iomchaidh ann an aon sgìre neo-àbhaisteach is air a chasg ann an sgìre eile. 'S e bu chòir faighneachd daonnan, an e tiodhlac no aoigheachd reusanta a th' ann agus a bheil e freagarrach. Bu chòir daonnan beachdachadh air an adhbhar a tha air cùl tiodhlaic.

Taobh a-staigh nan slatan-tomhais seo, faodaidh manaidsearan ionadail stiùiridhean is poileasaidhean sònraichte a dhealbh a tha freagarrach a thaobh inbhean proifeiseanta is gnìomhachais ionadail. Nuair a tha cead sgriobhte a dhìth airson a' phoileasaidh, cuiridh Rùnaire a' Chompanaidh air dòigh modh-obrach gus clàr a chumail de gach aonta mar sin.

### 3.4 Suimeannan cuideachaidh is duaisean brosnachaidh

'S e a th' ann an suimeannan cuideachaidh is duaisean brosnachaidh, seòrsa de bhrìbearachd a nithear gus oifigear poblach a bhrosnachadh gu bhith ag adhartachadh gnìomh riaghaltais coitcheann, agus chan ann gus buannachd gnothachais neo-iomchaidh fhaotainn no gus malairt fhaotainn no a ghleidheadh. Mar as trice, 's iad oifigearan aig ìre ìosal a bhios a' sireadh shuimeannan cuideachaidh gus seirbheis fhaotainn air am biodh cothrom aig daoine co-dhiù gu h-àbhaisteach.

Tha e na phoileasaidh daingeann againn nach bu chòir suimeannan cuideachaidh a bhith air am pàigheadh. Tha sinn a' tuigsinn ge-tà, gum faodadh ar luchd-obrach uaireannan a bhith ann an suidheachadh far a bheil iad fhèin no an teaghlach aca ann an cunnart, agus gum feumar sùim chuideachaidh a thoirt seachad, ma tha sibh ann an suidheachadh mar sin feumaidh sibh na leanas a dhèanamh:

- Cumaibh an t-sùim cho beag 's as urrainn;
- Cruthaichibh clàr le fiosrachadh mun t-sùim; agus
- Innsibh mu dheidhinn don mhanaidsear os ur cionn.

Gus cumail ri ar n-amas nach bithear a' toirt seachad suimeannan cuideachaidh, bidh gach roinn den Chompanaidh a' cumail clàr de na suimeannan pàighte, air am feumar aithris a dhèanamh do Rùnaire a' Chompanaidh, feuch an tèid againn air measadh a dhèanamh air cunnartan don bhuidhinn agus feuch an tèid againn air ro-innleachd a dhealbh gus smachd a chumail air an leithid a shuimeannan.

### 3.5 Tabhartasan Poilitigeach

Cha bhi sinn a' toirt tabhartas, airgid no neo-airgeadach, seachad mar thaic do phàrtaidhean no tagraichean poilitigeach, thoradh faodar coimhead air sin mar oidhirp gus buannachdan a ghleidheadh don chompanaidh.

### 3.6 Tabhartasan Carthannach

Bithear a' gabhail ri taic is tabhartasan carthannach (gu dearbh thathar a' cur fàilte orra), co-dhiù an e seirbheisean a th' anna, eòlas, ùine, no tabhartasan ionmhasail. Ge-tà, bu chòir do luchd-obrach a bhith faiceallach agus dèanamh cinnteach nach bithear a' cleachdadh nan tabhartasan carthannach mar innleachd gus brìbearachd a chleith. Cha bhi sinn ach a' toirt seachad thabhartasan carthannach a tha laghail agus beusail fo na laghan is rianan ionadail. Cha bu chòir tabhartas a thabhann no a thoirt seachad gun chead ro-làimh bhon mhanaidsear choileanaidh (an t-àrd-oifigear).

Bu chòir gach tabhartas carthannach fhoillseachadh gu poblach.

## 4. Na dleastanasan agaibh

Feumaidh sibh dèanamh cinnteach gun leugh sibh, gun tuig sibh agus gun lean sibh am poileasaidh seo.

Tha e mar dhleastanas air a h-uile neach a tha ag obair dhuinn no fo ar stiùir stad a chur air brìbearachd is seòrsaichean coirbeachd eile, aithris a dhèanamh orra agus cuideachadh le bhith mothachadh dhaibh. Tha e mar dhleastanas air gach neach-obrach gnìomhan a sheachnadh a dh'fhaodadh am poileasaidh seo a bhristeadh, no toirt oirbh smaoin eachadh air a leithid.

Feumaidh sibh innse don mhanaidsear agaibh NO Rùnaire a' Chompanaidh cho luath 's a ghabhas ma tha sibh den bheachd no an amharas gun deach am poileasaidh seo a bhristeadh no gu bheil dol a-mach ann a tha an aghaidh prionnsapalan a' phoileasaidh, no gun tachair sin.

Ma bhrìteas neach-obrach am poileasaidh seo, thèid modhan-smachdachaidh a chur an sàs nan aghaidh, agus dh'fhaodadh gun cailleadh iad an obair airson fìor dhroch ghiùlain. Tha sinn a' gleidheadh ar còrach gus crìoch a chur air ar càirdeas cunnradail le luchd-obrach eile ma bhrìteas iad am poileasaidh seo.

#### 5. A' cumail chlàran

Feumaidh sinn clàran ionmhasail a chumail agus feumaidh modhan in-smachd iomchaidh a bhith againn a sheallas carson a chaidh suimeannan a phàigheadh do dhaoine eile.

Feumaidh sibh clàr sgrìobhte fhoillseachadh agus a chumail air gach seòrsa aoi gheachd no tiodhlac a ghabh sibh no a thabhainn sibh, agus bheir manaidsearan sùil orra sin.

Feumaidh sibh dèanamh cinnteach gun cuir sibh a-steach gach iarrrtas - airson cosgaisean a thaobh aoi gheachd, tiodhlacan no cosgaisean a dh'èirich a thaobh treas pàrtaidh - a rèir ar poileasaidh airson cosgaisean agus gun clàr sibh carson a chaidh an t-airgead a chosg.

Bu chòir gach cunntas, fàirdeal, meòrachan, sgrìobhainn is clàr eile a bhuineas ri gnothaichean eadar sinn is treas pàrtaidhean, leithid luchd-dèiligidh, luchd-solarachaidh agus luchd-eòlais, a bhith air an deasachadh agus air an cumail gu neo-mhearachdach agus gu h-iomlan. Cha bu chòir cunntasan a chumail "far nan leabhraichean" gus suimeannan pàighte neo-iomchaidh a chur air dòigh no a chleith.

#### 6. Mar a dh'innseas sibh mu dhraghan

Thathar gur brosnachadh gu bhith ag innse, cho luath 's as urrainn, mu chùis sam bith mu bheil sibh draghail, no ma tha sibh an amharas gun robh gnìomhan neo-dhligheach gan dèanamh. Mura h-eil sibh cinnteach an e brìbearachd no coirbeachd a th' ann, no ma tha ceist no dragh sam bith eile agaibh, bu chòir dhuibh bruidhinn ris a' mhanaidsear os ur cionn mun deidhinn NO ri Rùnaire a' Chompanaidh.

#### 7. Dè nì sibh ma tha sibh air brìbearachd no coirbeachd fhulang

Tha e cudromach gun inns sibh do Rùnaire a' Chompanaidh no don Àrd-oifigear cho luath 's as urrainn, ma thabhainneas cuideigin eile brìb dhuibh, no ma thèid iarraidh oirbh tè a thabhann, no ma tha sibh an amharas gum faodadh sin tachairt, no ma tha sibh den bheachd gun deach gnìomh mì-laghail eile a dhèanamh oirbh.

#### 8. Dìon

Uaireannan bidh luchd-obrach a dhiùltas brìb a ghabhail no a thabhann, no a thogas draghan a th' aca no a dh'innseas mu na rinn cuideigin eile ceàrr, draghail mu dè dh'fhaodadh tachairt ri linn na chanas iad. Tha sinn ag iarraidh gum bi daoine fosgarra is fosgailte, agus bheir sinn taic do neach sam bith a thogas draghan dha-rìribh le deagh rùn fon phoileasaidh seo, fiu 's ged a thachradh gun robh iad ceàrr anns na bha iad a' smaoinichadh.

Tha e na amas dhuinn dèanamh cinnteach nach bi neach sam bith a dhiùltas pàirt a ghabhail ann am brìbearachd no coirbeachd a' fulang droch dhìol ri linn sin, no ri linn mar a thog iad dragh le deagh rùn mu amharas a bh' aca mu bhrìbearachd no brìbearachd a dh'fhaodadh a bhith ann no mu choirbeachd a thachair no a dh'fhaodadh tachairt san àm ri teachd. Tha droch dhìol a' gabhail a-steach cur às an dreuchd, modhan-smachdachaidh, bagairtean no dìol neo-fhàbharach eile a dh'fhuiling iad ri linn mar a thog iad dragh. Ma tha sibh den bheachd gu bheil sibh air a leithid a dhìol fhulang, bu chòir dhuibh innse don Àrd-oifigear sa bhad. Mura faighear fuasgladh air a' chùis agus gu bheil sibh nur neach-obrach, bu chòir dhuibh a' chùis a thogail le bhith cleachdadh nam Modhan gus Dèiligeadh ri Cùis-ghearain aig a' chompanaidh.

#### 9. Trèanadh is conaltradh

Tha trèanadh mun phoileasaidh seo mar phàirt den inntrigeadh a gheibh a h-uile neach-obrach ùr. Gheibh gach neach-obrach a th' againn trèanadh iomchaidh gu cunbhalach air mar a chuireas iad am poileasaidh seo an sàs agus mar a chumas iad ris. Cuideachd, thèid iarraidh gach bliadhna air gach neach-obrach gabhail gu foirmeil ri bhith cumail ris a' phoileasaidh seo.

Feumar innse do gach neach-solaraidhe, cunnradair agus com-pàirtiche gnothachais mu mar nach gabh sinn ri brìbearachd no coirbeachd air dòigh sam bith, agus sin a dhèanamh nuair a thòisicheas sinn a' dèiligeadh riutha agus mar as iomchaidh às dèidh sin.

#### 10. Cò air a tha an t-uallach airson a' phoileasaidh seo?

Tha làn-uallach air a' bhòrd stiùiridh gus dèanamh cinnteach gu bheil am poileasaidh seo a' cumail ri ar dleastanasan laghail is beusail, agus gun cùm na daoine fo ar stiùir ris.

Tha am prìomh uallach làitheil air an Àrd-oifigear gus am poileasaidh seo a chur an gnìomh agus airson a bhith cumail sùil air mar a nithear feum dheth agus air cho buadhach agus a tha e, agus gus dèiligeadh ri ceistean sam bith a thaobh na tha e a' ciallachadh.

Tha uallach air manaidsearan aig gach ìre dèanamh cinnteach gu bheil fios is tuigse aig an fheadhainn a tha fo an stiùir air a' phoileasaidh seo agus gum faigh iad trèanadh iomchaidh is gu cunbhalach mu dheidhinn.

#### 11. A' cumail sùil agus ath-sgrùdadh

Cumaidh an t-Àrd-oifigear, còmhla ri Rùnaire a' Chompanaidh, sùil air cho buadhach agus a tha am poileasaidh agus nì iad ath-sgrùdadh air cur-an-gnìomh a' phoileasaidh seo gu cunbhalach, agus iad a' coimhead air cho iomchaidh agus èifeachdach agus a tha e. Nithear leasachadh sam bith a thèid a mholadh cho luath 's as urrainn. Bithear a' dèanamh sgrùdadh gu cunbhalach air modhan is rianan in-smachd gus dearbhadh a thoirt dhuinn gu bheil iad a' toirt buaidh ann a bhith cur stad air brìbearachd is coirbeachd.

Tha e an urra ri gach neach-obrach dèanamh cinnteach gun obraich am poileasaidh seo agus bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gun cleachd iad e gus cunnart no eucoir sam bith a dhèanamh follaiseach.

Faodaidh luchd-obrach beachd a thoirt air a' phoileasaidh seo agus molaidhean a thoirt seachad air mar a ghabhadh piseach a thoirt air. Bu chòir beachdan, molaidhean is ceistean a chur chun an Àrd-oifigeir.